

**Ma phòsas mi idir, cha  
ghabh mi te mhòr**

*Ma phòsas mi cha ghabh mi  
tè mhòr,  
Cha phòs, cha taobh, cha  
ghabh mi tè mhòr,  
Ma phòsas mi idir cha ghabh  
mi tè mhòr,  
'S ro bheag an tè dh'fhòghnas  
dhomh-sa.*

*Cha ghabh mi tè mhòr, cha  
ghabh mi tè àrd,  
'S fheàrr leam tè bheag a  
bhios faisg air an làr,  
Cha ruiginn a leas a dhol fad'  
air a sgàth,  
Cur uisge na sàil nam  
bhrògan.*

*Mo cheist air an ainnir is  
meallaiche sùil,  
Do shlios mar an eala, 's gur  
math thig dhut gùn,  
Gruaidh dhearg is rosge tana,  
's glan sealladh do shùil,  
'S gum mealladh tu diùc led  
bhòidhchead.*

*Cha ghabh mi 'n tè  
shrideagach, shradagach  
ruadh,  
A chumas an cogadh 's am  
mallachadh suas;  
Nam biodh i agam, 's ann  
chuirinn i bhuan,  
B' e turas gun bhuaidh a  
pòsadh.*

**If I marry at all, I won't  
wed a big girl**

If I marry, I won't wed a big  
girl,  
I won't marry, I won't favour,  
I won't wed a big girl,  
If I marry at all, I won't wed a  
big girl,  
Too small would be the girl for  
me.

I won't wed a big girl, I won't  
wed a tall girl,  
I prefer a small girl that's close  
to the ground,  
I needn't go far for her,  
To put water in the heel of my  
boots.

My fancy is for the lass of the  
most beguiling eyes,  
Your sides like the swan, and  
well suited to a gown.  
Rosy cheeks and thin lashes,  
the bright sight of your eye,  
You would deceive a duke with  
your beauty.

I won't take the spirited,  
sparking red head,  
That keeps up the fight and  
curses;  
If she was with me, I would  
get rid of her,  
Marrying her would be a  
journey without success.